

Rap – Na Tri Mucan

Am Madadh-allaidh

Thig mi chun an taigh agus sèididh mi
Sèididh agus sèididh agus sèididh mi
Leagaidh mi an taigh agus ithidh mi
Na mucan beaga reamhar!

Muc 1

O mhadaidh-allaidh ghrànnda, chan ith thu mi
Ach leagaidh tu an taigh beag snog agam
Teichidh mis' sa bhad is cha ghlac thu mi
Chan ith thu mi gu dearbha!

Am Madadh-allaidh

Thig mi chun an taigh agus sèididh mi
Sèididh agus sèididh agus sèididh mi
Leagaidh mi an taigh agus ithidh mi
Na mucan beaga reamhar!

Muc 2

Cha seas an taigh beag fiodha agamsa nas motha
Oir sèididh tu gu h-àrd gus an leag thu e
Ach bidh mise air falbh ann an taigh mo bhràthar
Chan ith thusa mi gu dearbha!

Am Madadh-allaidh

Thig mi chun an taigh agus sèididh mi
Sèididh agus sèididh agus sèididh mi
Leagaidh mi an taigh agus ithidh mi
Na mucan beaga reamhar!

Muc 3

Cha leag fiù 's am madadh an taigh breige seo
Seasaidh e gu bràth ri do shèideadh cruaidh!
Fanaidh sinn a-staigh, cha rug thus a-chaidh
air mucan anns an taigh seo!